

Iolaire

Drama agus sgrìobhadh sgeulachd mhacmeanmnach

Amas ionnsachaidh

A bhith comasach air seallaidhean drama a dhèanamh a' sealltainn mar a dh'èirich dha na daoine a bh' air an Iolaire; a bhith comasach sgeulachd mhacmeanmnach a sgrìobhadh stèidhichte air an drama seo airson tuigse nas fheàrr fhaighinn air na dh'fhuiling na daoine a bh' air an long.

Dè nì mi?

1. Leugh 'Mar a thachair dhuinn' ann an Call na h-Iolaire (<http://digital.nls.uk/learning/iolaire/gd/sources.html>; td15- 17).
2. Obraich ann am buidhnean airson ceithir seallaidhean drama a dhèanamh:
 - a. Sealladh 1: beagan an dèidh meadhan-oidhche; toileachas air a' bhàta air an t-slighe dhachaigh, saighdearan a' coimhead air adhart ri faighinn dhachaigh, ach oidhche fhiadhaich agus iad a' cur orra aodach dìonach airson faighinn far a' bhàta.
 - b. Sealladh 2: oidhche fhiadhaich, crith a' falbh tron bhàta agus breisleach a' sgaoileadh tron chriutha; feadhainn a' smaointinn gur e mèinn-mara a th' air spreadhadh; daoine air an dinneadh tro dhorsan.
 - c. Sealladh 3: bàta a' dol air a cliathaich; bàtaichean-teasairginn gan lìonadh ach iad uile a' bristeadh air na sgeirean; a' faighinn a-steach dhan uisge, am fuachd, smaoinich air d' anail; gu bheil thu airson daoine eile a chuideachadh ach chan urrainn dhut agus nach eil comas agad air.
 - d. Sealladh 4: a' snàmh gu tìr; smaoinich mar nach biodh faireachdainn nad chorp leis an fhuachd; agus gu bheil thu a' dèanamh air solais ann an taighean airson cobhair fhaighinn.

3. Smaoinich gur tusa an neach a fhuair sàbhailte gu tìr. Sgrìobh sgeulachd mhacmeanmnach a' sealltainn mar a thachair dhut. Cleachd cànan aithriseach airson dealbh a dhèanamh air mar a bha iad-san a' faicinn suidheachadh air a' bhàta.


Builean soirbheachaidh

Bidh fios agam gun robh mi soirbheachail oir:

1. Leugh mi aithris air call na h-Iolaire, 'Mar a dh'èirich dhuinn'.
2. Ghabh mi pàirt ann an drama a' sealltainn mar a dh'èirich dha saighdearan air an Iolaire.
3. Sgrìobh mi sgeulachd mhacmeanmneach air cuideigin a bh' air an Iolaire, a' cleachdadh cànan aithriseach airson dealbh a dhèanamh.

Sgilean airson beatha, ionnsachadh agus obair

A' sònrachadh fiosrachaidh churdomaich ann an sgrìobhainn, a' gabhail nòtaichean, a' taisbeanadh smuaintean ann an dòigh rianail, ag obrachadh ann am buidhnean, agus a' cleachdadh cànan airson dealbh a dhèanamh.



Iolaire

Clàr-fiosrachaidh mun Iolaire

Amas ionnsachaidh

A bhith comasach air fiosrachadh cudromach a lorg agus a thaghadh co-cheangailte ris an Iolaire ron chogadh, tron chogadh agus an dèidh a' chogaidh.

Dè nì mi?

Rannsaich air an eadar-lìon agus lorg deich pìosan fiosrachaidh airson clàr-fiosrachaidh a dhèanamh mun Iolaire. Feumaidh tu am fiosrachadh seo a chur dhan chlàr agad:

- Dè an t-ainm a bh' air an long mus robh an Iolaire oirre?
- Cuin agus càite an deach a togail?
- Dè an obair a bh' aig an Iolaire ri linn a' Chogaidh Mhòir?
- Diagram den Iolaire, le faid, doimhneachd, meudachd, àirde, àireamh chriutha agus uiread chrann.


Builean soirbheachaidh

Bidh fios agam gun robh mi soirbheachail oir:

1. Lorg agus thagh mi fiosrachadh a bha cudromach airson clàr-fiosrachaidh a dhèanamh.
2. Chleachd mi na sgilean rannsachaidh agam.
3. Chleachd mi cànan a bha freagarrach airson clàr-fiosrachaidh.
4. Ghabh mi nòtaichean freagarrach.
5. Thaisbeanadh mi m' obair gu freagarrach.

Sgilean airson beatha, ionnsachadh agus obair

A' sònrachadh fiosrachaidh churdomaich ann an sgrìobhainn, a' gabhail nòtaichean, a' taisbeanadh smuaintean ann an dòigh rianail, sgilean dealbhachaidh, a' taisbeanadh smuaintean ann an dòigh rianail, agus a' rannsachadh bho dhiofar thùsan.



Iolaire

Bàrdachd 'Òran na h-Iolaire' (T MacLeòid)

Amas ionnsachaidh

A bhith comasach air bàrdachd a leughadh agus a bhith a' tuigsinn fhaclan air nach eil thu eòlach; a bhith ag ionnsachadh fhaclan ùra ceangailte ri muir agus seòladh; a bhith comasach air èisteachd ri Gàidhlig air a seinn agus a bhith a' comharrachadh far nach eil an t-seinn a' dol leis na faclan sgrìobhte.

Dè nì mi?

1. Rach chun a' cheangal-lìn seo airson èisteachd ris a' chiad dhà rann dhe 'Òran na h-Iolaire', air a dhèanamh le Tormod MacLeòid agus air a sheinn le Caiptean Dòmhnall Eòsaph MacFhionghain, an Eòsag (<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/42423/1>).
2. Coimhead air na faclan ann an Gnìomh 1 gu h-iseal agus lorg am mìneachadh a th' aca.
3. Èist ris an òran agus obraich a-mach dè an rann anns a bheil na faclan sònraichte a' nochdadh (Gnìomh 1).
4. Leugh an dà rann ann an Gnìomh 2 gu h-iseal agus obraich a-mach dè tha am bàrd ag aithris. Cuir loidhne fo na faclan a tha doirbh a thuigsinn. Lorg am mìneachadh a th' aca.
5. Èist a-rithist ris an òran. Càit a bheil eadar-dhealachadh a' nochdadh eadar seinn an t-seinneadair agus na faclan sgrìobhte? Rannsaich carson a bhiodh seo air tachairt.
6. Sgrìobh bàrdachd a' cleachdadh taghadh de na faclan ùra a tha thu air ionnsachadh.


Builean soirbheachaidh

Bidh fios agam gun robh mi soirbheachail oir:

1. Leugh agus thuig mi an t-seinn agus a' bhàrdachd.
2. Tha mi air faclan ùra ionnsachadh agus air taghadh dhiubh a chleachdadh airson bàrdachd agam fhìn a sgrìobhadh.
3. Tha mi a' tuigsinn a bhiodh seinneadair agus na faclan sgrìobhte diofraichte.
4. Tha mi air faclan sònraichte a chomharrachadh le bhith ag èisteachd gu cùramach.

Sgilean airson beatha, ionnsachadh agus obair

A' sònrachadh fiosrachadh cudromach ann an sgrìobhainn, ag obrachadh ann am buidhnean, sgilean èisteachd is labhairt, a' taisbeanadh smuaintean ann an dòigh rianail, a' taisbeanadh smuaintean ann an dòigh rianail.



Iolaire

Gnìomh 1

RANN1	
RANN2	
RANN3	
RANN4	

Sgeirean

Seòid

Òigear

Òigridh

MacNèill

Luasgan

Air bòrd

Iolaire

Caol


Teàrnaidh

Na Hearadh

Greann

Fuasgailt'

Leòdhas



Iolaire

Gnìomh 2

'Òran na h-Iolaire', le Tormod MacLeòid

Nuair dh'fhuasgail sìos na ròpanan
'S a sheòl i às a' Chaol
'S e 'n Iolaire bu bhòidhche
Dol gu luasgan muir is gaoth
Is iomadh òigear fhuasgailt'
Bh' innt' an uair sin nach do shaoil
Cho goirid 's a bha chuairt
'S am beagan uairean a's an t-saoghal.

Chaidh a h-uile nì glè fhàbharach
Gun tàinig meadhan oidhch'
Sin nuair a dh'èir' na sgeirean grànnda
A bha bu ghràineil' greann
Is fhuair an Iolaire chreach bha goirt
Na ràin' a' tighinn bho com
'S ged bha fearann làmh riutha
Rathad teàrnaidh cha robh ann.



Iolaire

Leabharlann Nàiseanta na h-Alba – Call na h-Iolaire

Nòtaichean tìdeir – eòlasan agus builean gan coileanadh leis gach gnìomhachd ionnsachaidh.

Raon ann an Litearrachd is Gàidhlig	Eòlasan agus builean gan coileanadh	Gnìomhachd
Èisteachd is Labhairt	Lorg agus cleachdadh fiosrachaidh Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh: <ul style="list-style-type: none">• adhbhar agus prìomh chuspairean teacsa aithneachadh is innse le cinnt is brìgh nam prìomh aithrisean a thuigsinn• aithneachadh is bruidhinn air mar tha seòrsaichean teacsa coltach is acoltach• am fiosrachadh a chur gu diofar sheòrsa feum. LIT 3-04a	Drama is sgeulachd
Èisteachd is Labhairt	Lorg agus cleachdadh fiosrachaidh Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh agus an cur an òrdugh airson smaoineachadh a thoirt air adhart agus airson mo chuideachadh le fiosrachadh a ghleidheadh agus a chuir a dh'fheum. Cùisean a rannsachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a tha iomchaidh. LIT 3-05a / LIT 4-05a 'S urrainn dhomh beachdan agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh gu neo-eisimeileach airson diofar adhbharan, fiosrachadh no beachdan deatamach agus fiosrachadh-taic a chur ann an òrdugh rianail agus briathrachas iomchaidh a chleachdadh airson mi fhìn a chur an cèill gu h-èifeachdach rim luchd-amais. LIT 3-06a / LIT 4-06a	Clàr-fiosrachaidh

Iolaire

<p>Èisteachd is Labhairt</p>	<p>Innealan airson èisteachd agus labhairt</p> <p>An dèidh feartan cànan labhairt a rannsachadh agus a sgrùdadh, 's urrainn dhomh sin a chur gu feum, a' taghadh ìre-cànain a tha a' freagairt air mo chuspair agus mo luchd-amais.</p> <p>GAI 3-03a</p>	<p>Bàrdachd</p>
<p>Èisteachd is Labhairt</p>	<p>Tuigsinn, dèanamh anailis agus luachadh</p> <p>'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' toirt beachd, le eisimpleirean, air susbaint agus cruth theacsaichean goirid agus fada.</p> <p>LIT 3-07a</p>	<p>Drama agus sgeulachd Bàrdachd</p>
<p>Leughadh</p>	<p>Innealan airson leughadh</p> <p>Tro bhith a' toirt air adhart eòlas air taic co-theacsa, puingeachadh, gràmar agus coltas duilleige, is urrainn dhomh teacsaichean air nach eil mi eòlach a leughadh nas siùbhlaiche agus le tuigse is faireachdainn a tha a' sìor fhàs.</p> <p>GAI 2-12a / GAI 3-12a / GAI 4-12a</p>	<p>Drama agus sgeulachd Clàr-fiosrachaidh Bàrdachd</p>
<p>Leughadh</p>	<p>Innealan airson leughadh</p> <p>'S urrainn dhomh na roinneachdan agus na goireasan as fheumaile dhomh a thaghadh agus a chleachdadh mus leugh mi agus fhad 's a tha mi a' leughadh airson measadh na tha mi a' tuigsinn.</p> <p>LIT 3-13a</p>	<p>Drama agus sgeulachd</p>
<p>Leughadh</p>	<p>Lorg agus cleachdadh fiosrachaidh</p> <p>A' cleachdadh nas aithne dhomh mu fheartan diofar sheòrsaichean teacsa, 's urrainn dhomh fiosrachadh à diofar ghoireasan a lorg, a thaghadh, a chur an òrdugh, a ghiorrachadh, a chur còmhla ri fiosrachadh eile agus a chur gu feum.</p> <p>LIT 3-14a / LIT 4-14a</p>	<p>Clàr-fiosrachaidh</p>

Iolaire

Sgrìobhadh	Tlachd agus roghainn <p>Is toigh leam a bhith a’ cruthachadh mo theacsaichean agus tha mi a’ toirt air adhart na stoidhle agam fhìn. ‘S urrainn dhomh gu cunbhalach cuspair, adhbhar, cruth agus goireasan a thaghadh a fhreagras air feuman mo luchd-amais.</p> LIT 3-20a / LIT 4-20a	Drama agus sgeulachd Bàrdachd
Sgrìobhadh	Innealan airson sgrìobhadh <p>‘S urrainn dhomh raon de ro-innleachdan agus de ghoireasan a chleachdadh, agus a’ chuid mhòr de na facail a dh’fheumas mi a litreachadh, nam measg briathrachas speisealta, a’ dèanamh cinnteach gu bheil mo litreachadh gun mhearachd.</p> LIT 3-21a <p>A rèir an amais agam agus an t-seòrsa teacsa a tha ann, is urrainn dhomh diofar sheòrsaichean sheantansan a phuingeachadh agus a chur ri chèile ann an dòigh a tha reusanta, agus an cur ann an òrdugh a tha a’ dèanamh am brìgh soilleir, a’ nochdadh ceangal sìmplidh eadar paragrafan.</p> LIT 3-22a / LIT 4-22a <p>Tron phròiseas sgrìobhaidh gu lèir, s urrainn dhomh mo sgrìobhadh a mheasadh agus atharrachadh airson a bhith cinnteach gu bheil e freagarrach airson an adhbhair aige is gu bheil e a’ dèanamh ciall air a’ chiad leughadh.</p> LIT 3-23a	Drama agus sgeulachd Clàr-fiosrachaidh Bàrdachd
Sgrìobhadh	Cruthachadh theacsaichean <p>‘S urrainn dhomh aire leughadairean a ghlacadh agus buaidh a thoirt orra tro mar a tha mi a’ cleachdadh cànan, stoidhle agus an tòn a tha a’ dol leis an genre.</p> GAI 3-27a / GAI 4-27a	Bàrdachd

Iolaire

Sgrìobhadh

Cruthachadh theacsaichean

'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan no bunbheachdan a mhìneachadh agus smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.

LIT 3-28a

Cruthachadh theacsaichean

'S urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad, cunntas a thoirt air tachartasan, pròiseasan no bunbheachdan a mhìneachadh agus smuaintean a chur còmhla ann an diofar dhòighean.

LIT 3-28a